




Digitized by the Internet Archive
in 2013



AN SAIBHREAS FIOR.

AIR do dh'America bhi air a faotuinn amach, agus iomradh air a sgaoileadh thut'n mhór shaibhreas a bha'nn am Meicsico agus 'am Peru, bha'n Rineorpa air a gluasad. Dh'fhang sloigh an duthchan fein, agus thug iad an aghaidh air cruadal, ann an duthchaibh cèin, a chum gu sealbhicheadh iad cuid do shaibhreas na duthcha nuadh. Tha'n spiorad a bhrosnaich daoine 'san àm sin gu leithid do dhian-iarrtas an deigh saibhreas, a' brosnachadh dhaoine anns gach linn. Feudaidh sinn sloigh fhaicinn gach la, a dian' ruith a chusbair cheudna; le uidhir do dhurachd, as ge do bhiodh an t-ionlan do shonas an duine a co-sheasamh ann am meud a shealbhaibh

saoghalta.—Cha'n 'eil éud anns a ghnothaich so air a cungachadh* ri inbhe air bith dhaoine. Tha e gu minig a' tachairt, gun ag, gu'm bheil an dream a ta cheana sealbhachadh pailteas, a' taisbeanadh an iarrtas is mo airson tuillidh; ach tha'n spiorad ceudna coitchionn do gach inbhe. Tha e g' oibreachadh ranns na bochdaibh, amhluidh mar anns na daoinibh saibhir. Tha e dusgadh iomadh miann ro-chùramach, airson cuibhrionn is mo do nithe maith na beatha so; agus feudaidh bhith, iomadh gearan, do bhri gu bheil an cuibhrionn co beag. R'an leithide so do mhuinntir tha scriobhair na Leabhrach bige so a' labhairt. Innsidh e dhoibh mu 'n aon *shaibhreas fhior*. Am feadh a ta e 'gan/deanamh cinnteach, ge do "charnadh iad suas òr mar an duslach," gu 'm biadh iad co fad' o shonas is ge do bhiodh iad ann an doimhne bochdainn, tha e cur an céill doibh le dànanachd, gu bheil ionmhas luachmhor air a thabhairt a 'm fogus, a ta deanamh saibhir gach aon a ta gabhail ris. Tha 'n Ti gloirnigh a ta 'n sealbh air, a' deonachadh a dheanamh aithnichte do dhaoine, anns na briathraibh grashor a leanas. Gnath-fhocait, viii. 18, 21. Tha beartas agus urram maille riumsa; saibhreas maireannach agus fireantachd.—Bheir mi orrasan le 'n ionmhuinn mi maoin a shealbhachadh agus lionaidh, mi an ionmhasan.

Si so, a Leughadair, càinain Slanuighear dhaoine. Tha e labhairt fuidh ainm Gliocais, agus tha 'n ni a deir e uime fein, a' cordadh gu mionaideach, ris na labhrar 'san Tiomnadh Nuadh mu' Iosa Criod. Shearmonaich na h-abstoil, "saibhreas do-rannsachaidd Chriosd;" chuir iad an ceil, gu bheil "gach uile ionlanachd a' gabhail comhnuidh annsan." Eph. iii. 8. Col. i. 19. Thug e fianuis uime fein,—"Ata na h-uile nithe air an tabhairt thairis dhomhsa o m' Athair," agus a deir e ris a bhochdan agus ris an fheumnach, "Comhairlicheam dhuit òr a cheannach uamsa, air a dhearbhadh 'san teine, chum 's gu 'm bi thu saibhir." Matt. xi. 27. Taisb. iii. 16. Si so càinain fialuidbeachd dhiadhaidh; càinain an Ti "a bha air tùs maille ri Dia;" a thainig a chum an t-saoghal so, "a chuir e fein

* Confined.

ann an di-meas, agus a bha umhal gu bàs, eadhon bàs a chroinn-cheusaich;” a “ dhéirich arís o na marbhaibh, agus a ta nis aig deas lainh Dhe, air dha gach cùmhachd air néamh agus air thàlamh a bhi aige,” “ aig am bheil iuchair Dhaibhidh,” Eph. i. 2. Phil. ii. 7, 8. Taisb. iii. 7. Ian fhrithealadh ionmhasaibh na beatha, agus a ta, ré iomadh ceud bliathna cur an ceilidh na'n ionmhasaibh so do na bochd-aibh agus na h-uireasaich.

Thá mi, ‘gairm bhur n’ aire, car beagan uine, chum an ionnhas sin, mu ’m bheil a leithid do chunntas ard air a thábhairt, leis an Ti do nach ’eill e comasach a bhi’m mearachd na mheas air, no na fhanuis ma thiomchioll. Ceadaich dhomh càileigin do nadur “ Saibhreas Chriosd “ innse dhuit, agus càileigin de ro-oirdheirceas.

Feudaidh e bhi, gur gann a ruigeas mi leas a radh gu’ m bheil “an saibhreas so, na nadur, gu h-iomlan eadar-dhealaichte, o shaibhreas an t-saoghal so. ’N uair a ta Iosa Chriosd a labhairt ri daoinibh, tha e gu minig a’ gnathachadh a leithid do chainnt ’sa tha so-thuigsinn dhoibh; agus fuidh choimeasan aimsireil, agus le nithe faicsinneach, tha e air uairibh a’ cumail amach a bheannachdan spioradail agus neimhidh. Tha n’ earrann a chum ami bheil t-airde air a gairm, do’n t-seorsa so: fuidh choimeasan “ saibhreas agus tìram,” agus “ toradh as feàrr na òr,” seadh nan t-òr finealta, tha sochairean air an cur an ceilidh, nach comasach a bhi air am faotainn airson òr; ach is iad tiodhlac saor throcair neo-chriochnach. Cha chomasach do neach air bith an aireamh, no ’n luach a’ chur an ceilidh. Gidheadh, tha da ni gu cinnteach air am filleadh annta, fireantachd chum saoraidh, agus *gras chum naomhachaидh*.

’Se fireantachd an ni airson ami bheil peacaich air an saoradh, no air am meàs fireanta ann am fhanuis De. ’S teirc iad a léughas na nithe so, a ta co aineolach ’s nach ’eill fhiös aca, as eugmhais fireantachd *eigin* nach comasach dhoibh, a bhi air an nochdadh le tearuinteachd an lathair Breitheamh na talmhuinn uile. Tha so air aideachadh le moran, a ta gu h-iomlan aineolach air a ghnothaich.

ro-chudthremach so. Tha e ro nadurra do chaoinibh bhi sealltuinn airson ni eigin anna' fein, ata airidh air deagh-ghean Dhe, no bhios, air a lughad, na chiuidea. 'adh a chum am fireanachadh; "air dhoibh a bhi aineolach air fireantachd Dhe," agus gu h-amaideach "aig iarraidh am fireantachd fein a chur air chois," Rom. x. 3.—Mun d'theid mi ni's fhaide air m' aghaidh, 's eigin domh mo mhór dheigh a chur an ceill, airson gú' biodh tusá, a Leughadair, Ian dearbhte, nach 'eil, agus gu bràth nach bi, aon ni' annad fein, is comasach air do shaoradh, no anns' a chuid as lugha chuidicheas leis a sin; oir ciol sam bith air am bheil thu 'n sealbh, ann do bharail fein, no 'm barail dhaoine eile, tha thu, thaobh na cuise so, gu h iomlan bochd. Mo thruaighe! cia lion iad ata 'ga mealladh fein anns' an treun-oibreachadh-meallaidh sin, a ta Iosa Criosd a' diteadh agus a' caoidh, ann am pobull fein-fhireanta agus truaillidh;—"Tha thu 'g radh, tha mi beartach, agus air fas saibhir, agus gu 'n fheum agam air ni sam bith, agus gun fhios agad gu bheil thu doruineach, agus truagh agus dall agus lomnochd," Taib. iii. 7.

Air dhomh fios a bhi agam air cumhachd, air meall-taireachd agus air coitchionnas an treun-mheallaidh so, eadaich dhomh labhairt riut beagan ni 's dluithe mu 'n chùis. Am firean thu gún amhurus? Cionnus a rinneadh mar sin thu? An ann an tomhas 'sam bith o thoradh dò ghniòmh fein a tha so? no 'n robh thu air do bhreith anns an staid sin? agus am bheil thu smuainteachadh nach d'rinn thu aon ni riamh, chum do dhiobradh dheth 'na chliu sin? Cha 'n urra h-aon diubh sin a bhi fior. "Feuch," a deir Daibhidh, "ann an euceart dhealbhadh mi; agus ann am peacadh ghabh mo mhathair mi 'na broinn." Salm. li. 5. 'On cheud tiota d' am bith, tha na h-uile dhaoin e falamh a dh' fhireantachd, agus tha aca, an taobh a stigh dhiubh siol gach uile olc.

Ach, ge do thoilicheadh tu thu fein, le bhi smuainteachadl gu 'n d' rugadh tu a' d' ionracan, cha deanadh e máith san bith dhuit, as eugmhais gun b'urrainn thu dhearbadh mar a

œudna gu 'n do bhuanach thu mar sin. "Nis tha so neachomasach: 's ni dearbhte gur peacach thu. Tha 'n Ti a rannsaicheas an cridhe cur an céill, nach "'eil ionracan ann, nach 'eil fiu a h-aon." Rom. iii. 10. 19. "Tha uile smuaintean cridhe an duine olc o oige: olc, agus amhain olc, gach aon là." Gen. vi. 5. viii. 21. "'S eigin do gach beul a bhi air a dhruideadh, a thaobh còir sam bith air fireantachda thagradh, "agus an saoghal uile a bhi ciontach am fianuis De."

Tha focal Dhe soilleir air a phuinc so: agus tha e cosoilleir, o'n ughdasas cheudna, nach 'eil ni air bith agadsa gu' chur na aghaidh, air an taobh eile, Cha d' rinn thu riamh aon ghniomh umhlachd, a thoilleadh dhuit t-anail a tharruing aon uair; no, ged' ghluaiseadh tu re d'uile bhliathnaibh, ann an searbhadas t-anama, cha bu' chomasach thu ciont aon droch smuain a għlanadh air falbh. Co e'n duine gu 'm biodeh e glan? agus gu 'n saoradh esan e fein a rugadh o mhnaoi?" "Cha 'n urrainn iadsan a tha san fheòil Dia thoileachadh" "Cha bhi feòil air bith air a fireanachadh, na fħianuis tre oibribh an lagħa." Job. xv. 14. Rom. viii. 8 and iii. 20.

'S leoир na nithe so chum a dhearbhadh, gu bheil thu gu h-iomlan bochd: an aite thu bhi fireanta, gur ann a tha thu gu h-iomlan mar ni neo-ghlan;" falagh deiomhaidh agus de fhabhar Dhe, agus buailteach d'a fheirg. Tha e scriobhete," 's malluċċte gach aon nach buanaich anns' gach ni tha scriobhete ann an leabhar an lagħa chum an deanamh." Gal. iii. 10. "Diom agus fearg, āmhgar agus teanntachd air gach anam duine a ta deanamh uile." Rom. ii. 8. 9. Is staid bhochd agus thruagh so, do nach 'eil e comasach coimeas fhaotuinn. Tha fearg Dhe air a foillseachadh o neamh an aghaidh gach eucoir," agus Oh! "cò d' an aithne neart a chorruichsan?" Rom. i. 18. "Cò a's urradh seasamh roimh fhearg san? agus cò dh' fheudas fuireach ann an diar-theas a chorruieh? tha a chorruich air a dortadh amach mar theine, agus tha na creagan air an tilgeadh sios leis" Nahum. i. 6.

Gidheadh, fathast, feudaidh tuṣa tha fein a mhealladh,

a' smuainteachadh nach 'eil cùisean uile co olc; nach 'eil thu co ro-aingidh. Gu h-àraid, tha Dia trocaireach agus cha 'n 'eil moran aobhar eagail agad. Gu firineach, a charaid dh' fhaodainn fhianuis a leigeadh a' d' ionnsuidh fein, agus fhiosrachadh dhiot, am bheil thu da-rireadh dùrachdach ann an tagradh air an doigh so? Am bheil thu 'smuainteachadh uair air bith mu 'n ghnothaich? An d'thainig e pair air bith ann a t-inntinn ann an trioblaid, no 'n am suil ris a bhlas? Nach 'eil agad, na 'n leithide sin do chàsaigh, ni-èigin do bhreithneachadh uabhasach a thaobh na nithe a ta ri teachd? air a lughad cuid do dh' amharus dia-mhair, nach 'eil gach ni ceart eadar t-anam agus Dia? Nach cuimhne leat an sin, gu 'n do bhris thu lagh. Dhe air iomadh seòl? Nach 'eil aobhar agad, uime sin, a bhi fuidh amhurus gu 'm bheil thu gu firinneach bochd agus uireasach, agus nach 'eil fireantachd agad is urrain seasamh an làthair sùil uile-leirsinneach an Ti 'ta naomha?

Anis mur biodh cunnart sam bith ann an staid co bochd ri do staid-sa, mur biodh seòl sam bith air do dheanamh saibhir; mur biodh a leithid do ni ri fireantachd chum saoraidh, air a foillseachadh airson pheacach, cha mholain gniomh an duine, chuireadh an ceil truaighe do staid, no bhriseadh an t-sith ata lathair agad, le bhi foillseachadh olc air nach robh leagh-as. 'Sann do bhrigh gu' bheil fireantachd aig laimh; 's ann do bhrigh gu'm bheil uile ionmhsaibh na beatha, air am foillseachadh anns' an t-soisgeul, agus air an cur an ceil do pheacachaibh, chum gu' biodh iad air an saoradh, ata mi air mo threorachadh a chum do staid mar pheacach a chur an ceil dhuit, agus a chum innseadh dhuit mu'n chungaидh Leighis a dh'ullaich trocair neo-chriochnach airson do leithid-sa. "Eisdibh," 'deir an Slanuighear, "eisdibh rium, sibhse aig am bheil an cridhe rag, ata fad as o fhireantachd. Bheir mis' am fagus m' fhireantachd, cha bhi i fad as; agus cha dean mo shlainte moille; agus bheir mi slainte ann an Sion, do Israel mo ghloir, Isa. xlvi.

12. 13.

Cha 'n eil ni air bith is taitniche do neach ata gu h-iomlan bochd, na mor shaibhreas. Tha e mar sin a thaobh nithe aimsireil, agus c'uime nach biodh ann 'an nithe spioradail? Tha thusa bochd, a dh'easbhuidh fireantachd; nach tha Criosd gu neo-chriochnach saibhir. Tha fhireantachd a' ruigheachd a chum uile iarrtasaibh lagh Dhe. Mar a thug e umhlachd do gach uile àithne is amhuil a dh' fhuiling e chum a bhàis, an ni bha dligheach do pheacachaibh airson an eusaontais. "Ghiulain e peacanna a phobuill, na choirp fein, air a chrann." 1 Phead. ii. 24. Ghiulain se iad ionnas gu 'n d'rinn e iobairt-reitich iomlan air an son. Tha 'n fhireantachd so neo-chriochnach a thaobh luach. 'Si 'n obair i a chriochnaich' an Ti a ta ann o shiorruidheachd. Le' umhlachdsan a chum a bhàis, tha lagh Dhe air àrduchadh, ni's mo na b'urrainn e bhi, le uile umhlachd, agus uile fhlàngais, a chruthachaidh uile. Tha e luachmhor ann an tomlias do-làbhairt, ann an sealladh Dhe, "Tha 'n Tighearna grasmhor air sga fhirinn fein; ardaichidh e'n lagh, agus cuiridh e urram air." Is. xlvi. 21.

Ach 'si 'n fhirinn neo-mhearachdach so tha deanamh na cùis co ro òhudthromach dhuitsa; eadhon, gur ann airson nan ciontach a bha 'n fhireantachd so air a h-oibreachadh amach. Cha robh feum air bith aig Criosd air fireantachd oibreachadh amach air a shòn fein. Blia e saibhir, ach airson pheacach rinneadh bochd e, chum' trid a bhochduinnsan gu 'm biodh iadsan air an an deanamh saibhir. "Rinn Dia esan do nach b'aithne péacadh, na iobairt pheacaidh air ar soin ne," deir an t-abstol, "chum's gu 'm bitheamaid air ar deanamh 'nàr fireantachd Dhe annsan." 2 Cor. viii. 9. & v. 21. Bhuin Dia ris-sàm mar a giulan péacadh air ar soin-ne, chum gu 'm bitheamaid air ar meas fireanta air a sgathasan, agus gu faigheadlimid a bheatha shiorruidh, mar thoradh na h-obair a chriochnaich esan.

Cha 'n eil Criosd a cur an ceil a shaibhreas amhain a chum a bhi air fhaicinn agus air a mholadh leis na bochdaibh, as eugmhais buannachd sam bith a bhi sruthadh uaidhe so bhi air fhoillseachadh. Tha e saibhir ann an trocair, mar-

ann am fireantachd, agus 'nuair a deir e, " Tha saibhreas agus urram maille rium, seadh saibhreas maireannach agus fireantachd,"" Sann a chum gu'n sealbhaicheadh iad a bhuanachd a ta sruthadh o'n fhireantachd sin, agus gu'm biodh iad air an deanamh saibhir as a lanachd san. C' aite air bith, uime sin, am bheil e cur an ceil fhireantachd agus a foillseachadh a shaibhreas neo-chriochnach, 's ann a chum na crioche ceudna, air són an do leig'e sios a bheatha; se sin, chum gu'm biodh peacaich air an saoradh tridsan, agus air an deanamh saibhir le uile ionmhasaibh a rioghachd. Tha e tabhairt orrasan le 'n ionmhui n e, maoin a shealbhachadh:—lionaidh e an ionmhasan.

Am bheil thu fiosrachadh, *ciod a ni mise* chum gu'n copartaich mi? do 'n t-saibhreas so? Feudaidh e bhith gu'n cur peacaich, a' cheist so, air uairibh, riù fein; ach tha mearachd mhor fillte innte—'S co-ionnan a suim, ris a cheist sin, "A Mhaighsteir Mhaith ciod a ni mi chum 's gu'n sealbhaich mi a bheatha mhaireannach?" agus a' cheist sin a bha air a cur le neach a bha fuidh dhusgadh coguis, "Ciod is coir dhomh dheanamh chum gu'n saorar mi?" Mark x. 17. Gniomh xvi. 30, 31. Tha freagradh ceart a leithid so do cheist, aithghearr agus simplidh;—"Creid anns' an Tighearn Iosa Criod, agus saorar thu." Mar gu'n abairte cha'n 'eil ni sam bith r'a dheanamh, cha'n 'eil obair sam bith r'a coillionadh, no peanas sam bith r'a fhulang. *Rinn Criod* an obair uile; agus 's eigin a ghloir uile bhi air a tabhairt dha. *Creid anns an Tighearn Iosa Criod, agus saorar thu.* Tha creidsinn air a chur m'a choinheadh *oibreachadh*, no *deanadas*, do gach seorsa. "Le gras tha sibh air bhur slanuchadh trid creidimh—cha'n ann o oibrabh, chum nach deanamh neach air bith uain." "Sann o chreidimh a tha e, ionnas gu'm biodh e tre gras." Eph. ii. 8, 9. Rom. iv. 16. So ni nach b'urra e bhi, na 'm biodh eudthrom sam bith aig ar n-obair-ne anns' a ghniothaich. "An ti chreideas tha bheatha mhaireannach aige," tha co roinn aige de uile shaibhreas Criod. "Biodh fhios agaibhse, fheara agus a bhraithre," a deir an

t-abstol, a labhairt ri' pobull Antioch, "gur ann tre'n duine so a ta maitheanas peacaidh air a shearmonachadh dhuibh: agus tridsan tha gach neach a chreideas air a shaoradh, o na h-uile nitibh, o nach robh e'n comas duibh bhi air bhur shaoradh le lagh Mhaois." Gniomh. xiii. 38, 39. Am bheil thu fiosrachadh *cionnus* a chreideas mi? no ciod e an *reidsinn* so? Gu ma fearr leat fiosrachadh *ciod e* a ta mi air mo ghairm gu' chreidsinn? Do so tha'n scriobtura tabhairt freagradh soilleir, agus ma bhi osso gu soilleir air a thuiginn, chithear a chuid eile co soilleir 's nach bi feum air nineachadh ann. 'S teirc a dh' fheudar focal soilleir a mhineachadh, eugmhais focal eile ghnathachadh nach il co soilleir ris fein! An aite, uime sin, am focal *creidsinn* mhineachadh, ghairminn t-air chum na firinn a ta air cur fa chomhair pheacach a chum gu' n' creideadh iad —agus 'si so i,—“is ann mar sin a ghradhaich Dia 'n aoghal gu' n' d' thug e aon-ghin Mhic fein, chum's ge b' neach a' chreideas ann, nach sgriosar e acli ge 'm bi a' bheatha shiorruidh aige. Is fior an radh so, agus is fiu e ir gach aon chor gabhail ris gu' n' d' thainig Iosa Criosc lo'n t-saoghal a thearnadh pheacach.” Eoin. iii. 16.

Tim. 1. 15. 'S deagh sgeul mhor aoibhneis so, do'n uile bluagh. Am bheil thusa 'ga creidsinn so? am bheil thu abhairt creideas do'n naigheachd mhaith? Ma tha, uime in, tha thu air do shaoradh.” Tha thu air do shaoradh na h-uile nithe, o nach robh e'n comas duit a bhi air do shaoradh, le lagh Mhaois! Gniomh. xiii. 38, 39. Tha *co-ⁱⁿⁿ* agad de saibhreas do-rannsachaидh Criosc. 'S leat lànachd agus is leat e gu siorruidh. Ach mar 'eil thu reidsinn, an sin cha'n 'eil cuid no crannchur agad sa chuis o. Cha'n 'eil thu tabhairt creideas do fhianuis-san do ach'eil e'n comas breug a dheanamh. Cha'n 'eil ni samhith ion-mhiannuichte ann do shealladh-sa, ann an saibhreas Criosc. Tha thu deanamh tarcais air saibhreas a mhaithis. Cha'n urra thu tairbhe samhith a bhi agad 'n ni sin ris am bheil thu cur cul. “An ti a chreideas *ns*' a Mhac, tha bheatha mhaireannach aige: ach an ti

nach 'eil a' creidsinn anns' a' Mhac, cha 'n fhaic e beatha; ach ata fearg Dhe, a' gabhail comhnuidh air. An tì a chreideas ann, cha ditear e; ach an ti nach creid, tha e air a dkiteadh cheana, chionn nach do chreid 'e ann an ainm aoin-ghin Mhic Dhe." Eoin. iii. 18, 36.

Feudáidh e bhi gu'n abair thu gu 'm bheil mi a' fágail firineachadh, ná ghnothach ro thuras agus saibhreas Chriosd na ni' air nach 'eil e doiliúch ruigheachd. Biodh e mar sin; an aobhar maith-sin airson nach gabhadh tua ris na beannachdaibh so? Am biodh e amaideach do bhléidire* rioghachd a dhùiltadh, do bhrigh nach gabhte lui-deag da chòta broineagach mar luach iomchuidh air a son? Ann an tomhas do-labhairt ni's mó, tha amaideachd gach aon, nach 'eil a creidsinn an t-soisgeil, agus, a tha mar sin, cur cùl ri uile ionmhasaibh na beatha maireannaich, do bhrigh nach aidichear fireantachd sam-bith ata aigesan mar co-ionnán luach riu. A thaobh *furasdachd* na gnothaich, cha smuainich neach ata sealbhachadh na buannachd, gu brath, air furasdachd an ni'thluig Tighearna na gloir gu h-úir a bhais; agus ma bheir e fainear, uair air bith, a chomas fein a thaobh na h-obair, cha smuaintich e gu brath air, mar furasda no deácair; ach mar guh-iomlan neo-chomasach.

Thubhaint mi gu 'm bheil saibhreas Chriosd a' filleadh ann, mar an ceudna, gras naomhachaidh. Is beannachd so nach 'eil ni's neo-luachmhoire, na 'n t-aon eile, no ni's neo-fheumaile. Mar a ta fireantachd iomlan, feumail airson maitheanas, agus airson ar deanamh taitneach an lathair Dhe; mar sin tha atharrachadh grasmhor air bhur cridhe, chum gu 'm biodh co-chomunn agaibh ri Dia naomha, agus sealbh ann am beannachdaibh neamhaidh. An lathair bheannuichte Dhe cha'n urra ni air bith neo-ghlan, gu brath, teachd; agus ged' bhiodh e comasach inntrinn asteach do'n staid sin, gun bhur cridhe bhi air athnuadhachadh; cha bhiodh taitneas air bith agaibh 'na sonas. — An so, mar anns' a chuis 'eile, tha na h-uile dhaoiné gu h-iomlan bochd. Mar nach 'eil 'eiric sam-bith aca airson an t-airgead shaoradh, mar sin cha'n 'eil ni air bith aca is comasach an graineálachd a

* A beggar.

ghlanadh air falbh. “ Co é an duine gu ’m biodh e glan? agus gu ’n saoradh esan è fein; a rugadh o mhnaoi? Feuch, as a naomhaibh cha ’n carb e; agus cha ’n ’eil na neamha glan na shuilibh. Nach graineile agus nach sailche gu mor an duine, a dh’olas euceart mar uisge? Job xv. 14.—16. “ Mar ata e scriobhthe, Cha’n ’eil ionracan ann, cha’n ’eil fiu a h-aon: Cha’n ’eil neach ann a thuigeas cha’n ’eil neach ann a tha ’g iarraidh Dhe. Chlaon iad uile as an t-shlighe, tha iad uile mi-tharbhach, cha’n ’eil neach a tha deanamh maith, cha ’n ’eil fiu a h-aon. Is uaigh fhosgailte an scornach, labhair iad cealg le ’n teangaibh, tha nimh nan nathracha nimhe fuidh’m biliibh: Aig am bheil am beul làn do-mhallachadh, agus do sheirbhe. Tha ’n cosa luath a dhortadh folá. Tha lèir sgrios agus truaighe na ’n sligheibh: Agus slighe na sith cha b’aithe dhoibh. Cha’n ’eil eagal De fa chomhair an sul.” Rom. iii. 10.—19. Tha daoine ata aineolach air fireantachd Chriosd, fuidh na choslas is sgiamhaiche a’ folach breunachd na h-uaigh. Tha uile cheudfaidh na h-intinn, uile aigne a chridhe, air an truailleadh agus graineil. “ Tha ’n ceann uile tinn agus an cridhe uile fann: O bhonn na coise gu ruig an ceann, cha’n ’eil fallaineachd ann; ach lot, agus bruthadh agus creuchd lobhta,” Isa. i. 5, 6. Is cainnt laidir so;—iomchuidh chum grainealachd anabarrach ar nadur truaighlidlh a leagadh ris, agus a thaisbeanadh co neo-chomasach is a ta é dhuinn sin fein a ghlanadh. “ Am feud an t-Etiopach a chraicionn a mhuthadh no an liopard a bhreice?” Jer. xiii. 23. A chum an atharachaidh so a choilionadh, is eigin an cumhachd ceudna bhi air a chleachdad, leis an do thogadh Criosd o na marbhaibh. Tha ’n dream anns’ am bheil an t-atharrachadh so air oibreachadh, air an ainmeachadh mar air am breith o ’n Spiorad, do bhrigh gur i obair an Spioraid Naoimh, Criosd fhoillseachadh do chridhe a pheacaich, agus am peacach sin athnuadhachadh a reir iomhaidh Chriosd. “ Ma ta neach sam bith ann an Criosd,” air aonadh ris trid creidimh an t’soisgeil, “ is creutair nuadh e,” 2 Cor. v. 17. Tha ’n cruthachadh nuadh so air a dhean-

amh anns na h-uile a ta creidsinn an t-soisgeil, agus co luath is a ta iad 'ga chreidsinn. Tha 'n Spiorad grasmhor ceudna a' gab'hail cùram dlieth, 'ga bhuanachadh, agus ga' choilionadh. An Ti ata a' toiseachadh na h-obair mhaith, coimh-lionaidh e i gu là Iosa Criosd, Philip. i. 6.— Anis, an uair ata Criosd a deanamh aithnichte a shaibhreis airson feum dhaoine, tha e 'g ainmachadh gu sonruichte làrachd Spioraid nan gras ata maille ris, gu bhi air a fhri-thealadh, a chum athnuadhachaидh agus naomhachaيدh na 'n uile a thig da ionnsuidh. “ Air an la dheireanach, la mor sin na feiske, sheas Iosa agus ghlaodh e, ag radh, ma tha tart air neach sam bith, thigeadh e m'ionnsuidhse agus oladh e. An ti a chreideas annamsa, mar a deir an scriob-tuir, sruthaidh as a bhroinn aimhnichean do uisge beo; *labhair e so mu'n Spiorad, a bha iadsan a chreideadh annsan gu faghail.*” Eoin. vii. 37.—39. Thug Criosd thairis e fein a chum a bhais airson a phobuill, ni h-ann amhaia a chum an saoradh on bhàs, ach mar an ceudna, chum gu'n naomhaicheadh, agus gu'n ionnladadh e iad,—agus gu'n glanadh e dha fein sluagh sonraichte eudmor mu dheadh vibribh, Ephes. v. 26. Titus. ii. 14. Tha e anis aig deas laimh Dhe, air dha cumhachd agus ughdaras a bhi aige, chum uile ionmhasaibh na beatha a fhrithealadh, a choisinné airson pheacach trid a bhais. Air dha bhi air ardachadh le deas laimh Dhe, agus gealladh an Spioraid Naoimh fhao-tinn o 'n Athair, tha e 'ga dhortadh amach air na h-uile a thig da ionnsuidh; chum gu 'm biadh iad air an glanadh o gach salachar feola, agus Spioraid, a' coimhlionadh naomhachd ann an eagal De.” Gniomh ii. 33. 2 Cor. vii. 1.

Tha Iosa Criosd a sealbhachadh a' leithid do lànachd shaibhir agus ghloirmhoir do Spiorad grais agus naomhachaيدh, is gu 'm feud am peacach is graineile bhi gu h-iom-lan air a ghlanadh. Tha e fior, ni h-e amhain, gu 'm bheil na h-uile a chreideas air an saoradh o “ na h-uile nithe o nach robh e 'n comas doibh a bhi air an saoradh le lagh Mhaois;” ach ata e mar an ceudna fier, gu 'm bi iad air an naomhachadh agus air an glorachadh. Tha 'n Ti

ata labhairt ann an trocair neo-chriochnach, agus a'm firinn, ag radh.—“ Crathaidh mi uisge glan oirbh, agus bithidh sibh glan, o'r n-uile shalachar; bheir mi fòs dhuibh cridhe nuadh agus cuiridh mi Spiorad nuadh an taobh a stigh dhìbh, agus buinidh mi air falbh an cridhe eòiche as 'ur feòil, agus bheir mi dhuibh cridhe feòla.” Ezek. xxxvi. 25, 26, 27. Dh'fhairich iomadh peacach coimhlionadh na'n geallainean so. Bha cuid, a h-iheasadh daoine an t-saoghal, mar shalachar an t-saoghal, air an glanadh o'm peacadh agus air an déanamh naomha 'n an cridhe agus 'n an giulan. Mar so a deir an t-abstol, an deigh ainmeachadh do na Corintianach chreidmheach, aireamh do 'n dream bu ro-ghraineala, “ Agus mar so bha cuid dibhse, ach a ta sibh air bhur n-ionnlad, ach a ta sibh air bhur naomhachadh; achi ata sibh air bhur fireanachadh an aimn an Tighearna Iosa, agus tre Spicrad ar De-ne.” I Cor. vi. 11.

A leughadar, bi air do dheanamh lan chinnteach gù bheil thu thaobh naduir gu h-iomlan neo-ghlan: nach eil tlu, agus nach mò tha e comasach gu 'm bi thu sona anns an staid sin. “ Ach aig an dream sin ata gealtach agus mi-chreidmheach, agus graineil, agus aig luchd mortaiddh, agus striopachais, agus druidheachd, agus iodhal-aoraidh, agus aig na h-uile bhreugairibh, bithidh an cuibhrionn anns' an loch ata dearg-lasad le teine agus pronnusc; ni a's e 'n dara bàs.” Taisb. xxi. 8. Cha'n'eil doigh sam bith air am bheil e comasach dhuit dol as o'n dara bàs, ach an t'slighè sin, ata air a foillseachadh anns an t'soisgeul. Cha'n'eil slaint' ann an neach eile, ach Iosa Criod, agus cha chomasach dhuit a bhi air do shaoradh le Criod, ach trid a bhi creidsinn ann. Ciod air bith co measail is a tha neo-chreidmheich ann an suilibh dhaoine, tha 'n Spiorad Naomh 'gan aireamh a' measg na 'n daoine graineil agus luchd mortaiddh, agus an leithide sin, agus bithidh an cuibhrionn maille riu. *Ach ge b'e chreideas tearnar e:*—saorar e o chiont a pheacaiddh, agus ionnlàdar e o a ghrainealachd, gabhar e chum sealbh ann am fabhar De, agus athnuadh-aichear e reir iomhaidh Dhe. Feuch saibhreas Criod

airson na 'n criochaibh so! Creid ann, agus nithear saibh thu as ionmhasaibh. Tha e feitheamh ri bhi grasmhor! Th e saibhir ann an trocair, agus ullamh chum gabhail ris n hi-uile a thig da ionnsuidh.

Feudajdh e bhi, gu 'm bheil e neo-fheumail moran a'rad mu thimchioll ro-oirdheirceas saibhreis Chriosd. 'S eigin g bheil gach ni ata teachd uaithesan oirdheirc. Gidheadh tha e 'gar gairm, gu beachdachadh gu mionaid each air tr nithe ma'n timchioll, a ta taisbeanadh an gloir gu n choimeas, agus an ro-oirdheirceas. Tha iad *urramach*, a ia buan, agus tha iad chum sàsachaidh. "Tha beartas agu urram maille riumsa; seadh saibhreas maireannach;—bhei mi orrasan le 'n ionmuinn mi maoin a shealbhachadh, agu lionaidh mi an ionmhasan.

Air tus; tha iad *urramach*: Ann am briathraibh eile, is ur ram do neach a bhi air a dheanamh saibhir as a lanachd-san Cha'n eil fior urram air bith ann a bhi sealbhachadh beartas an t'saoghail so. Tha sin gu minig an lamhan na 'n daoine is graineala, agus cha chomasach e bhi gu brath na dhearbhadh air oirdheirceas modhannail: Ach, ann am meas na'n uile ata gu firinneach oirdheirc anns' a chruinne-che, tha e air a mheas na ni urramach a bhi 'n sealbh air co-roinn do shaibhreas Chriosd. Feudaidh luchd leanmuinn Chriosd a bhi bochd, agus air an dimeas, ann an suilibh dhaoiné; ach tha Jehobhah fein 'gá 'n gairm urramach. Tha iad air an gairm clann an De bheo, agus is iad a bhriathra r' a chloinn uile, "A chionn gu 'n robh thu luach-mhor ann an shealladh, shuair thu urram, agus thug mise gradh dhuit," Isa. xlvi. 4. Bithidh iadsan ann an onoir, agus gheibh iad àit aig deas laimh an Tigbearna 'nuair a bhios sloigh do dhaoine mora agus saibhir an t'saoghail so air an comhdáchadh lé nàire, agus amhluadh bith-bhuan Dam. xii. 2. "Iadsan a bheir urram dhasan," le bhi a' creidsinn na ainm, "bheir esan urram dh'ibhsan, an dream a ni tair air, 's beag a' meas a bhios dhiubh."

"San dara àit; tha iad buan." "Ni saibhreas an t-saoghail dhoibh fein sgiathan mår iolair a dh'itealaicheas chum

n speur." "Se ionmhas an duine shaibhir a chathair a ir," cuiridh e earbsa ann; ag radh, ri or, "Is tu mo iinghin?" Ach feudaidh e dol as a shealladh ann an tiota, s fhangail ionnochd agus buailteach do gach cunnart. Ionmhas an t'saoghail so, na nadur fein, truaillidh. Is e truaillidh airgiot agus or; air gach cor, cha'n urra ch air bith e fein a dheanamh cinnteach e sealbh anna aon latha: Feudaidh e bhi air a ghearradh air falbh ann meadhon a bhuanachd agus a shoirbheachaidh, agus l an tairbh a bhiodh an sin ann, ge do chosnadh duine aoghal uile? Ach tha saibhreas Chriosd neo-thruaillidh, s cha searg iad as. "Mairidh a shliinte-san gu siorruth, s cha d'theid fhireantachdsan air chul." Isa. li. 6. Deir e da phobull uile "crùn neo-thruaillidh,—rioghachd d'thoirear uatha, oigreachd neo-thruaillidh, neo-shal agus nach searg as." 1 Pheid. i. 4.

San treas aite; Tha iad chum sàsachaidh. 'S tearc r' a obtainn, gu deimhin, duine saibhir, a ta saoilsinn gu 'm il ni's leoир aige. "An ti a ghradhais a'rgiod, cha ichear e le h-airgiot; no 'n ti a ghradhais a pailteas, oradh." Eccl. v. 10. 'Si cànan na 'n uile da'n leith-sin, "tabhair, tabhair: is doilgheasan an laithean uile, s is do-bhròn an saothair, eadhon 'san oidhche, cha bh an cridhe fois, oir cha'n fhuiling sàsachd an t-saibhir codal." Ach tha Chriosd a lionadh uile ionmhasaibh; isuchadh uile mhiann an iomlain de shiuagh. Bithidh air an sàsachadh le a throcair phailt. Cuiridh e aoibh- na'y'n cridheachaibh ni's mò na nata aig daoine eile, ir a ta, 'n coirc agus a m fion, a' dol am meud. "Air shonsa," deir an duine fireanta, "ann am fireantachd mi do ghnuis, sàsuicheadh mi, nuair a dhuisgeas mi led' slas." Salm. xvii. 15.

leughadar, co dhiubh tha thu bochd no heartach, cinnteach gu 'm bheil saibhreas fior ann an Chriosd a-n; agus gu 'm feum co-roinn a bhi agad de saibhreas-san, cha thu caillte gu siorruidh. Feudaidh tu pailteas na'n a dheoghal suas, agus ionmhas fholuichte na gaineimh

feudlaidh tu òr a charnadh suas mar an duslach, agus òr finealta mår chlochán an t-srutha; ach ciod an tairbh a-bhios an so 'san là an gairm Dia t-anam uait? Am meas e de shaibhreas? cha mheas, no òr,—no uile neart cumhachd. Ciod a bhuanachd a bhiòdh aon do dhuine ge do chosnadh e 'n saoghal uile agus anam fein a chall?

GLASGOW:

PRINTED, AND SOLD FOR THE

GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY,

At the Bible Society, Tract, and Sabbath School
Depository, No. 10, WILSON-STREET.

Price 5s. 6d. per hundred.

J. Niven, Printer.

